

**TEÀRLAIDH
CUILEAG
AGUS
AM BRUADAR
BLASTA**

le Nicola Morgan



Cha robh càil a' gluasad aig Teàrlaidh Cuileag (Sùilean Biorach). Bha trì latha a-nis air a dhol seachad de shaor-làithean an t-samhraidh agus cha robh duine beò air a thighinn faisg oirnn. Cha robh fiù airson faighneachd mu iuchair no mu chat a bh' air a dhol air chall orra.

Bha Teàrlaidh a' sgrùdadadh ìnean a choise leis a' ghlainne-meudachaidh agamsa. Ged tha eanchainn mhath aig Teàrlaidh, cha robh mi a' tuigsinn ciamar a b' urrainn dha freagairt sam bith fhaighinn bho a chuid ìnean.

Bha mise a' coimhead ri sgrion mo choimpiutair. Sgrìobhte mum choinneimh bha na facail, "Obraichean rin dèanamh". Bha an còrr den duilleig bànn. Għluais mi chun an ath dhuilleig. Sgrìobhte mum choinneimh bha "Airgead". Bha an duilleag sin bànn cuideachd.

Tha Teàrlaidh na sgoilear tòrr nas comasaiche na mise; ach tha coimpiutair agamsa, agus mar sin tha mise cudromach cuideachd. Chan eil an coimpiutair aig Teàrlaidh ach eadar e fhèin agus a pheathraichean. Suidheachadh coltach ri droch aisling do dhuine tha strì ri gnothach a ruith. An urrainn dhut dealbh a dhèanamh de Riseart

Branson le aon choimpiutair eadar e fhèin agus a pheathraighean? Chan urrainn na dhomh fhìn. Ach smaoinich cuideachd, an urrainn dhut dealbh a dhèanamh dheth a' sgrùdadh ìnean nan òrdagan mòra le glainne-meudachaidh?

'S e Cuileag an t-ainm a th' ormsa; agus 's e Teàrlaidh a th' air Teàrlaidh. Thàinig am far-ainm Cuileag ormsa seach gu bheil mi cho luath air mo chasan. Dh'fhaodadh sin a bhith feumail agus sinn nar luchd-sgrùdaidh priòbhaideach. Chan e gun robh e feumail fhathast. Ach a-mhàin an uair a thàinig Bodach Lambert às ar dèidh airson gun robh sinn a' goradaireachd air; ach bu cheart cho math leam sin a dhìochuimhneachadh.

Nì sinne sgrùdadh air trioblaid sam bith a th' agaibh. Can an-dràsta, an e dha-rìribh fear a' ghas a tha sin? No an dùil an e fear-brathaidh eadar-nàiseanta a th' ann? No, ma tha a' hamstair (no an cat, no an iuchair) agaibh air chall, gu deimhinn lorgaidh sinne sin dhuibh. Uill, is dòcha nach eil sinn *buileach* deimhinnte gu lorg, ach is dòcha gu lorg. Agus ma tha feum agaibh air duine a ruitheas luath, tha sibh san àite cheart an seo!

Ach ma tha càil nas inntinniche na sin agaibh, nach innis sibh dhuinn. Tha hamstairean is cait is iuchraighean cudromach gu leòr; ach 's e gu mòr a b' fheàrr leinn a bhith a' toirt brag air comann de luchd-brathaidh eadar-nàiseanta. Tha ar sùil a-mach airson a leithid sin. Lean sinn aon uair fear fad na

slighe bhon t-Sràid Àrd gu Sràid Bhothwell (cuairt fhada, faodaidh mi innse dhuibh). Bha sruth de phùdar amharasach geal a' tighinn tro phoca plastaig a bh' aige. Gun fhios nach e drogaichean no puinnsean a bh' ann, cha deach sinn ro fhaisg air. Ach cha robh aige ach poca flùir. Fhuair sinn sin a-mach an uair a dh'èalaidh sinn chun na h-uinneig aige agus a chuala sinn an droch chainnt a chleachd a bhean ris nuair a ràinig e dhachaigh.

Chan eil càil a dh'fheumas luchd-sgrùdaidh priobhaideach nach eil againne. Mar walkie-talkie; leabhrain-notaichean; glainneachan-meudachaidh; agus phùdar airson làrach-mheòir. Uill, tha flùr againn co-dhiù. Tha camara aig Teàrlaidh. Agus tha cairtean againn le "Teàrlaidh Cuileag (Sùilean Biorach)" sgriobhte orra. Rinn mi fhìn iad air mo choimpiutair.

'S e obair a tha mìorbhaileach inntinneach a th' ann an sgrùdadhbhìl priobhaideach. Co-dhiù, 's e bhiodh ann nam biodh duine gar n-iarraidh. Bheireadh sinn airgead a-steach an uair sin. Ach chan ann dìreach airson an airgid a tha sinn ris an seo. Tha rud ann ris an can Dad "riarachadh bhod obair". Tha esan dhen bheachd gum faod thu aig amannan airgead a bhith agad, agus gum faod thu aig amannan eile riarachadh fhaighinn bhod obair.

Air mo shon fhìn, bu mhath leam an dà chuid a bhith agam. Bhithinn gu math riaraichte nam biodh làn an t-saoghal a dh'airgead agam.

Bha Teàrlaidh air sgur a sgrùdadadh nan ìnean agus bha mis' a' dol a chluich gèam coimpiutair. Tha e iongantach am piobrachadh inntinn a bheir gèam coimpiutair dhut. Chan eil e cho iongantach ri sin, ach cha robh fhios agam dè an còrr a dhèanainn. Mura tig daoine a choimhead airson nan seirbheisean againn, chan urrainn dhòmhsha an slaodadh thugainn.

Sin nuair a thug a' fòn shìos an staidhre gliong ach cha do leig mi orm gun cuala mi i. Tha pàrantan agam airson a bhith a' freagairt na fòn. Rud a tha nas fheàrr na rùnaire, oir chan fheum thu pàrantan a phàigheadh.

Cha mhòr nach robh an gèam coimpiutair deiseil gu tùiseachadh nuair a dh'èigh an rùnaire agam, “A Chuileag, trobad! Greas ort!”

Uill, cha b' e an rùnaire agam a bh' ann – ach Mam. Chaidh mi fhìn agus Teàrlaidh sìos an staidhre. Bha Mam ann an steinn. Is toigh leatha a bhith ri ùpраid aig an taigh oir chan fhaod i bhith ri ùpраid aig a h-obair. Tha i ag obair san leabharlann agus 's e àite sìtheil a tha sin, far nach fhaod duine bhith ri ùpраid.

“O, mo chreach, a Chuileag! Tha Oilibhia a' tighinn! Feumaidh mi a dhol chun a' phort-adhair na coinneimh feasgar.”

“Cò Oilibhia?”

“Do cho-ogha, an ainm an àigh!”

“O, Oilibh Ola.”

“Agus b’ fheàrr dhut sguir a dh’èigheach sin oirre. Feumaidh tu a bhith còir rithe. Tha i a’ tighinn airson sia seachdainean.”

“À-à-à-gh! Carson?”

“Bhris Uncail Joe a chas.”

“Dè mu dheidhinn Antaidh Sàra?” arsa mise. Cha mhòr nach robh mi a’ rà nail.

“Tha ise a’ filmeadh. Ann am Mongòilia.”

“Nach fhaod i thigheach às? Nach eil iad beartach gu leòr? Thuirt sibh fhèin nach eil feum sam bith aca air an airgead a tha ise a’ cosnadh.”

“Cha tuirt, cha tuirt. Cuin a thuirt mise a leithid a rud? Agus ma thuirt ise gun dèanadh i an obair, cha tèid i air ais air a geallasadh. ’S ann a bhios e snog, a Chuileag. Chan eil càil agad fhèin agus aig Teàrlaidh ri dhèanamh fad an t-samhraidh co-dhiù ...”

“Tha gnothach againn ri ruith,” chuir mi na cuimhne.

“Faodaidh Oilibhia ur cuideachadh,” arsa Mam. “S dòcha gu bheil i math air rudan mar sin agus a h-athair cho sgileil air gnothach a ruith e-fhèin. Dhèanamh i stiùiriche ionmhais dhuibh.”

“Ban-rùnaire, nas coltaiche,” arsa mise, fom anail.

“Nach fheumadh sinn na prothaidean againn a roinn rithe?” arsa Teàrlaidh.

“A bheil prothaidean agaibh?” arsa Mam ris.

“Chan eil buileach,” fhreagair esan. “Dìreach riarachadh bhon obair a tha sinn ris.”

“Uill, smaoinich,” ars ise. “Dh’fhaodadh tòrr a bharrachd riarachaiddh a bhith agaibh nam biodh prothaidean agaibh. Nis, coma leam den ghearan seo agus glan an làr fhad ’s a tha mise a’ dèanamh liosta na bùtha.”

A-mach leatha agus i ri bruidhinn mu shùbhan-làir, reòiteagan daora agus biadh eile nach fhaigh mise mura dèan mi rudeigin sònraighe math, no ma bhios mi tinn. Nuair nach bi mi ag iarraidh biadh fhaicinn!

Leugh mi leabhairchean far a bheil na h-ùighdaran a-mach air faireachdainnean ìosal agus cridhe trom. Uill, bha mi a’ tuigs’ dè bha iad a’ ciallachadh. Aig an ìre seo ann an leabhar, dheigheadh a’ ghrian fo sgòth. Thug mi sùil a-mach air an uinneig. Agus cha robh ri fhaicinn ach sgòthan dorcha, trom.

’S àbhaist dhomh Oilibh Ola fhaicinn uair sa bhliadhna. Tha iad lobhte le airgead agus bidh Mam ag ràdh gur e rud tha sin leis nach eil ise cofhurtail. Cha shaoil mi fhìn gu bheil e mì-chofhurtail idir; ’s ann a tha e mì-chothromach. Ghluais iad gu deas nuair a bha Oilibh Ola na rud beag. Co-dhiù, cha bhi sinne a-nis gam faicinn ach uaireigin mun Nollaig. An-uiridh mun àm sin, chaidh an teaghlaich aig Oilibh Ola gu Afraga a Deas airson taigh a

cheannach a bhiodh aca airson saor-làithean. Tha companaidh leis fhèin aig Uncail Joe, agus airgead gu leòr na chois. Bidh Antaidh Sàra a' dèanamh fhilmichean; agus tha airgead mòr an sin. Saoilidh mi gum bi iad riaraichte san obair a tha iad a' dèanamh cuideachd.


Ach chan urrainn a h-uile rud a bhith aig duine. Prothaidean mòra; riarachadh nad obair; ach òinseach de nighinn!

Sin a dh'fhàg mo chridhe cho trom ris an *Titanic* a' dol fodha is sinn a' feitheamh gus an nochdadhdh i.

Siud fuaim a' chàir againn. Agus bha Oilibh Ola air a thighinn. Bha bliadhna gu leth bho chunnaic mi i agus bha i air atharrachadh. Bha cuimhne agam oirre le figheachain gòrach agus bobail pinc na falt; agus aodach air nach fhaodadh an smùirnean bu lugha de shalchar laighe. Ach a-nis bha a falt fada agus faileasach; bha dinichean robach oirre; agus brògan-cleasachd nàdarrach. Ged 's e ar co-aois a th' innte, bha i na b' àirde na mise agus Teàrlaidh.

Dè as coireach gu bheil clann-nighean cho cinnteach asta fhèin? Phòg i Dad agus thuirt i gun robh e snog gun tug sinn fiathachadh dhi còmhla rinn. Thug i sùil chàirdeil orm fhìn agus air Teàrlaidh agus thuirt i "Hello". Gu fortanach cha tug i pòg dhuinn.

Cha robh fhios agam dè chanainn rithe agus sinn a' sealltainn dhi far an robh rudan. Thuirt Dad rudeigin nach robh buileach modhail mun rùm



agamsa agus am fàileadh a bhiodh ann. Thuirte e rudeigin cuideachd mu sinne a bhith nar luchd-sgrùdaidh ach gum biodh e na mhiorbhail nan lorgamaid am brat-ùrlair leis na bha de stuth air fhàgail na laighe mun cuairt.

“Fàgaidh sinn iad a’ cluich,” arsa Mam agus dh’fhalbh iad. *Cluich?* Carson a bhios pàrantan daonnaan an dùil gu bheil an cuid chloinne ri cluich? Tha gnothach againne ri ruith agus is beag a tha thìde againn airson a bhith a’ coimhead an dèidh co-oghaichean beartach.

Chunnaic Oilibhia gun robh an coimpiutair agam air. “*Cool!*” ars ise. “Tha Shock Tactix agad! Am faod mi feuchainn air?”

An ceann leth-uair a thìde agus dà ghèam eile, thuig mi gur dòcha nach biodh an samhradh buileach dona an dèidh a h-uile rud. Ged a bha an còmhradh aice spaideil, agus dh’aithnicheadh tu gun robh i math dheth, cha robh i cho dona ri sin. Gu dearbh bha i *gle mhath* air a’ ghèam coimpiutair agam.

An ath latha cho-dhùin mi gun robh i *OK*. Bha sin nuair a thuirte i rium gun robh mi air leth toinisgeil nuair a thàinig mi an-àirde le beachd airson an gnothach againn a shàbhaladh.

Feumaidh a h-uile gnothach cuideigin le beachdan ceart; agus saoilidh mi gur mise an dearbh dhuine sin.

Seo mar a thachair. Bha coinneamh againn. Agus 's fheàrr dhomh innse dhuibh san dol seachad gun robh mi air cuireadh a thoirt do Oilibh Ola a thighinn dhan chompanaidh còmhla rinn. Bha seo gu ìre ri linn gun chuir Mam ann an cùil theann mi nuair a thuirt i, "Faodaidh Oilibhia ur cuideachadh leis a' ghnothach agaibh, nach fhaod, a Chuileag?" Thàinig fiadh a' ghàire air Oilibh Ola agus chunnaic mi gun robh ùidh aice sa chùis. Agus bha rud eile ann cuideachd.

Bha airgead aice, agus dh'fhaodadh sin a bhith feumail dhuinn. Feumaidh a h-uile gnothach airgead gus faighinn air a chasan. Tha ainm ann airson sin ach chan eil cuimhn' agam air an-dràsta.

Nis, a' choinneamh. Bha sinn nar sìneadh air an tràigh ann am Portobello, dìreach sìos an rathad bhon taigh againn. Bha Teàrlaidh a' sgrùdadadh na faire leis a' phrosbaig agus a' sgrìobhadh na leabhran-notaichean. Bha Oilibh Ola a' cluich gèam air a' fòn-làimh aice.

Bha mise a' smaoineachadh. Bha mi a' smaoineachadh nach e dòigh mhath sam bith air airgead a dhèanamh a bha ann an gnothach nan sùilean biorach priobhaideach idir. Agus, còmhla ri sin, bu shuarach an riarachadh a bha sinn a' faighinn às an obair.

"Seo mo bheachdsa," arsa mis', agus coltas mo ghnothaich air mo ghuth. "Feumaidh sinn airgead a chosnadh."

“Deagh bheachd,” ars Oilibh Ola.

“Ach dh’fhaodadh tusa dìreach airgead iarraidh air do phàrantan,” arsa Teàrlaidh rithe.

“Chan eil iad a’ creids’ ann a bhith toirt mòran airgid dhomh,” ars ise.

“Nach iad tha mosach,” arsa Teàrlaidh. “Tha iad làn airgid.”

“Ach chan eil iad airson gum bi mise millte.”

“Ciamar a-rèist a tha airgead nad sporan?”
dh’fhaighnich mi dhi. Cha b’ urrainn dhomh gun mothachadh dhan sin tarsainn air a gualainn, tuigidh sibh.

“Shàbhail mi airgead a fhuair mi airson mo cho-là-breith, agus thug Dad beagan dhomh airson nam biodh càil a dhìth orm fhad’s a bhithinn còmhla ribhse.”

Ceart gu leòr. Cha robh Oilibh Ola cho fior dhiofraichte rinn fhìn. ’S dòcha gun sguir mi a dh’èigheach Oilibh Ola oirre.

“Ciamar a rinn d’ athar an t-airgead?”
dh’fhaighnich mi.

“Tha esan ag ràdh gu bheil a h-uile gnothach feumach air *aon rud*. Chan eil ach aon rud deatamach airson faighinn air adhart. Sgrìobh e leabhar mu dheidhinn.” Gu sealladh ormsa! Bidh e a’ sgrìobhadh leabhraichean cuideachd! Feumaidh gu bheil e lobhte le airgead ceart gu leòr. ’S dòcha gu bheil e eòlach air J.K. Rowling.



Thug Teàrlaidh sùil orm. Thug mise sùil air Teàrlaidh. “Uill, cùm ort,” arsa sinne.

“Tha esan ag ràdh gur e seo an rud a tha deatamach: rudeigin a lorg a bhios daoine ag iarraidh, agus an uair sin a reic riutha aig a’ phrìs as àirde a phàigheas iad.”

Cha tuirt sinn smid. Bha a’ ghrian a’ deàrrsadhbh sìos oirnn; agus bha mi nam fhallas. Cha robh am fiosrachadh ùr seo gu cus feum dhuinne. Cha tuirt duine falal. Cha robh càil feumail a’ tighinn a-steach orm fhìn. Cha robh aon chàil.

“Tha am pathadh orm,” arsa mise mu dheireadh. “Nach tèid sinn a dh’fhaighinn reòiteag.”

Bha a’ bhùth san rathad mhòr air ar slighe dhachaigh. Bha balach a tha a’ fuireach faisg oirnn ag obair innte. Tha e san àrd-sgoil. Liam a th’ air. Bidh a chraiceann an-còmhnaidh fluch le fallas agus tha failbheachan na chluais. Tha fhalt air a ghearradh cho goirid agus cho biorach agus gur gann gum faic thu e.

“A bheil càil nas saoire na seo agad?” ars Oilibhia, is i a’ rùrach san reòthadair. “No rud nas plèine?”

Bha esan a’ coimhead Oilibhia, mar gum biodh sùil aige innte. *Eughhh!* Esan, tha mi ciallachadh, chan e ise.

“Dè mu dheidhinn nam bràmairean sin tha còmhla riut?” ars esan. “Tha iadsan saor is plèan!”

Airson mòmaid, sheall Oilibhia cruaidh ris. An uair sin, “Bheir sinne ar casan taobh eile. Cha cheannaicheadh sinn càil bhuatsa ged a phàigheadh tu sinn air a shon!” ars ise cho fuar, fad às. Agus choisich sinn a-mach.

“Aidh, ma thogras sibh sin. Bidh mis’ an seo ma dh’atharraicheas sibh ur n-inntinn,” dh’èigh e às ar dèidh cho leòmach.

“Uill, cait’ a-nis an tèid sinn?” ars Oilibhia, is beagan drèin oirre.

“Chan eil an còrr a dh’ait’ ann,” arsa Teàrlaidh. “Tha thu dìreach air an cothrom mu dheireadh air reòiteag mus tèid sinn dhachaigh a chall dhuinn.”

Bha e ceart. Agus bha mise gus mo bhruich agus bha am pathadh orm. Chunnaic mi clann a’ dol a-steach dhan bhùth agus a’ tighinn a-mach le ultach de reòiteagan daora. Feumaidh gun chosg iad fortan.

Sin an dearbh mhionaid a thàinig rud a-steach orm. Bha fhios agam gur ann agam a bha eanchainn nam beachdan math.

Agus sin a dh’fhàg sinn am feasgar ud a’ dèanamh reòiteagan sa chidsin againne. Chosg Oilibhia a cuid airgid gus liomaidean, siùcar agus bàrr a cheannach. Bhruidhinn mise gu math modhail ri marsanta nam measan agus thug e dhuinn air deagh phrìs bananathan a bha caran abaich. Cheannaich sinn an uair sin 200 cupa plastaig agus 200 spàin phlastaig. Bha seòrsa de bheachd aig Oilibhia dè bha a dhìth

oirnn. Sgrìobh Teàrlaidh na cosgaisean sìos na leabhran.

Thòisich sinn, aig an taigh againne, air reòiteagan liomaid agus reòiteagan le bàrr banana a dhèanamh.

Cha robh e cho furasta agus a bha sinn an dùil. Bha e tòrr na b' phasa a bhith nad sgrùdaiche priobhaideach. 'S dòcha gun robh sin seach nach robh duine ag iarraidh na seirbheis sin. Tha do bheatha gu math socair mur eil duine a' cleachdadh na seirbheis agad. Ach chan eil airgead an sin; no riarachadh.

Nam faiceadh sibh an cidsin ud, chanadh sibh gun robh sinn às ar rian. Bha sinn a-mach à rian cuideachd! Bha a h-uile bobhla san taigh a-muigh agus cha robh òirleach den uachdair-obrach sa chidsin gun rudeigin air. Bha an lär steigeach le liomaid, sleamhainn le banana, agus bha brag aig an t-siùcar fo ar casan. Bha an cù an dùil gun robh e air nèamh.

Cha robh bhuaínn ach Mam a thighinn a-steach. Agus thàinig i.

Cha chan mi cus mu dè thubhairt i, no mun dreach a thàinig air a h-aodann. Ach b' fheudar dhi suidhe sìos. Agus, mo thruaighe, nach ann air rudeigin a bha sleamhainn is steigeach a shuidh i. Mhìnich sinn dhi dè bha tachairt agus chiùinich i. Beagan.

“Feumaidh sibh an obair a riaghlaadh a-mach,” ars ise.

Sheall mise ri Teàrlaidh agus Teàrlaidh rium.
Ciamar a bhiodh duine a' dèanamh sin?

Ach dh'aom Oilibhia a ceann agus i a' gabhail ris an rud a chaidh a ràdh. “Tha sibh a' ciallachadh gum bu chòir do dh'aon duine againn seo a dhèanamh, agus gum bu chòir do chàch rudan eile a dhèanamh.”

“Dè na rudan eile?” dh’fhaighnich Teàrlaidh.

“Uill,” arsa Mam, “feumaidh sibh sanasachd a dhèanamh, postairean a dhealbh, ainm a thoirt oirbh fhèin, prìsean a sheatadh, faicinn càit am bi sibh a' reic an stuth, bòrd fhaighinn, airgead briste gu leòr a bhith agaibh, bogsa fuar fhaighinn gus na reòiteagan a chumail reòite gus an reic sibh iad, àite a lorg sa għaraids far an cùm sibh e, agus ...”

Bha mise toilichte faighinn a-mach às a' chidsin ud. Gus an fhìrinne innse bha mi a' faireachdainn tinn. Ach dh'fheumadh sinn a bhith a' blasad air na reòiteagan *tric, tric*. Ciamar eile a bhiodh fios againn gun còrdadh iad ri daoine?

Thog Teàrlaidh a leabhran-notaichean agus dh’imlich e bàrr banana dheth. “Smaoinicheadh sibhse air rudan a nì sinn agus sgrìobhaidh mise sìos iad,” ars esan.

“Agus an dèidh làimh, glanaidh sibh uile an cidsin,” arsa Mam.

“Dh’fhaodadh sinn sibhse a phàigheadh airson sin a dhèanamh,” arsa mise.

“Bhithinn-sa,” fhreagair Mam, “*fada* ro dhaor air ur son!”

Thug sinn Bruadaran Blasta air a' ghnothach ùr. 'S mi fhìn a smaoinich air an sin cuideachd.

Abair gun robh a' chiad latha math dha Bruadaran Blasta. Feumaidh daoine a bhios a' dol chun na tràghad a dhol seachad air an taigh againne agus bha sinn a' reic nan reòiteag na bu shaoire na bha iad sa bhùth. Thug sinn dhà no trì seachad an asgaidh agus thuirt sinn ris a h-uile duine innse dhan caraidean mu ar deidhinn.

Mun àm a nochd Liam aig ceithir uairean, agus e air a shlighe dhachaigh bho obair, cha mhòr nach robh sinn air a' chiad bhaidse a reic. Bha e a' coimhead sgìth agus bha barrachd dhen fhallas na b' àbhaist air.

“Dè mu dheidhinn Bruadar Liomaid, Liam?” dh’èigh mi. “Chan eil ach dhà no trì air fhàgail!”

“No Bruadar Banana, Liam?” dh’èigh Teàrlaidh, is gàire mòr air aodann. “Faigh fear ’s iad cho *cool!*”

Shiop Liam a-null na b' fhaisge. “A bheil cead agaibh seo a dhèanamh?” dh’fhaighnich e, is gàire grànda air aodann.

“Carson nach bitheadh?” ars Oilibhia. “Tha daoine ag iarraidh an ceannach. Dùthaich shaor a tha seo.”

“An e?” arsa Liam. Stad e. “A bheil cead agaibh bho Slàinte is Sàbhailteachd?”

Bhuail mulad mi. Faireachdainn domhain, trom. Dhrùidh uabhas orm, mar thonn de mhuiр fuar làn de dh’fheamainn sleamhainн agus èisg mharbh. Tha athair Liam ag obair airson rudeigin air a bheil Slàinte is Sàbhailteachd. Bidh e a’ sgrùdadadh thaighean-bìdh. Bidh e a’ dèanamh riaghailtean mu rudan mar nighe làmhan agus cho fuar agus a dh’fheumas fridsichean a bhith.

Feumaidh mi a ràdh, chan urrainn dhut gun beagan truais a bhith agad ri athair Liam. Chan eil rian gu bheil cus riarachaidh no cus airgid ri fhaighinn bho bhith sgrùdadadh làmhan dhaoine agus fridsichean.

Ach, gun teagamh sam bith, bha coltas caran bagarrach air aodann Liaim. Agus, nuair a thog e fear de na Bruadaran againn agus a rinn e casad agus chuir e air ais e, bha a’ chùis air a dhol seachad air bagradh.

Thòisich an uair sin e fhèin agus a’ ghràisg a bha còmhla ris a’ breabadh bhall faisg air làimh. Bha iad a’ tilgeil smugaidean; bha am poll a’ frasadh; bha iad ag èigheach ’s a’ gleadhraich. Mar sin, cha tainig duine faisg òirnne airson càil a cheannach. Leag e cuideachd tiùrr de chairtean Theàrlaidd Cuileag a bh’ againn air an stàile. Rinn e lachan nuair a thog e tè aca agus leugh e i:

Teàrlaidh Cuileag

(Sùilean Biorach)


Rud air chall? Lorgaidh sinn' e.

Bheil imcheist oirbh? Gheibh sinne fuasgladh.

Ach mura tog e ceann, cha phàigh sibh sgillinn!

Chuir e a' chairt na phòcaid, a' leigeil air gun robh e na fhear-cleachdaidh ceart; bha rudeigin mun sin nach do chòrd rium.

Ach co-dhiù, cha mhòr nach robh a' chiad bhaitse againn air a reic – faisg air 50 reòiteag. Cha robh sinn a' dol a charachadh fhad 's a bha Liam timcheall agus mar sin dh'fhuirich sinn gus an do dh'fhalbh esan. Ghlan sinn an-àirde, gun mìr sgudail fhàgail. Chan e gun robh dùil againn sgudal sam bith fhàgail co-dhiù ach cò thàinig dhachaigh dìreach an uair sin ach Dad. Cheannaich e am Bruadar Banana mu dheireadh agus thuirt e rudeigin mun urram a dh'fheumas a bhith aig gnothachas dhan àrainneachd. Cha robh fiù nach do thog e rudan dhuinn, mar geansaidhean, brògan is glainneachan-grèine a bha sinn air fhàgail nan laighe mun cuairt nuair a dh'fhàs sinn ro bhlàth. Dhìth sinn a h-uile càil a bh' ann ann am pocannan.



Dh'fheumadh sinn an uair sin tòiseachadh a' dèanamh tuilleadh reòiteagan airson an ath latha.

"Feuch gu nigh sibh ur làmhan," thuirt mi ri Oilibhia. Thug i sùil fhada, gheur orm.

"Carson as e Oilibhia a tha a' dèanamh a h-uile càil sa chidsin?" arsa Dad. "A bheil sibh a' dèanamh leth-bhreith oirre?"

Sheall mi fhìn agus Teàrlaidh ri chèile. Cha robh sin a' tighinn a-steach dhan chùis. 'S e a bh' ann gun robh i na b' fheàrr air reòiteagan a dhèanamh na bha sinne.

"Am faca tu làmhan nam balach?" arsa Mam.
"Smaoinich air Slàinte is Sàbhailteachd!"

Chaidh gaoir tromham. Athair Liaim. A' sgrùdadadh ar làmhan agus am frids againn.

Bha Teàrlaidh air a bhith a' cunntadh àireamhan na leabhran-notaichean. "Oi!" ars esan. "A bheil fhios agaibh dè?"

Sheall mi fhìn agus Oilibhia ri chèile. "Dè?"

"Rinn sinn prothaid!" Sheall sinn uile ri chèile.
"Eadhon an dèidh *tasgadh* Oilibhia a phàigheadh air ais." Sin am facial foirmeil airson mar a chuir Oilibhia a h-airgead fhèin dhan chompanaidh.

"Oooo!" arsa mise.

"Agus tha *ar n-asatan* againn cuideachd," ars Oilibhia.

"Dè tha sin?" arsa mise.

“Ar n-asatan? Sin a h-uile rud a bhuineas dhuinn mar chompanaidh, amadain a tha thu ann!” arsa Teàrlaidh.

“O, ceart. Bha dùil agamsa gur e aisealan a thuirt thu!” Sheall Teàrlaidh ri Oilibhia agus Oilibhia ri Teàrlaidh. Cha tuirt iad guth.

Na b’ fhaide dhen fheasgar, nuair a bha Oilibhia san rùm eile, dh’fhaighnich mise dha Mam dè bh’ ‘asatan’ a’ ciallachadh. “Tha,” ars ise, “na rudan a cheannaich sibh agus a th’ agaibh fhathast. Mar na cupanan plastaig agus na spàinean. Mar sin, ma reiceas sibh ur reòiteagan a-màireach cuideachd, nì sibh barrachd prothaid oir cha bhi agaibh ris na rudan sin a cheannach. Agus tha gu leòr ghrìtheidean agaibh fhathast cuideachd.”

Oooo. Bha sinn air prothaid a dhèanamh a-rèist. Latha brèagha air choreigin bhiodh sinn beairteach.

Ach cha b’ ann mar sin a bha. An ath latha, bha an tuisge ann. Agus an ath latha a-rithist. Cha do charaich na reòiteagan againn às an reothadair.

Cha robh sna Bruadarán Blasta ach dìreach sin: bruadar.

Mura biodh aon rud. Thàinig rud a-steach air Oilibhia. Rud math cuideachd, chanainn fhìn, agus dh’fhaodadh e bhith air obrachadh. Ach cha d’ fhuair sinn a-riamh cothrom fheuchainn a-mach oir thachair rud eile.

’S e a thàinig a-steach air Oilibhia ach deochan teth a dhèanamh le liomaid an àite reòiteagan, agus an reic an uair a bhiodh droch thìde ann ris na daoine a bhiodh air ais agus air adhart às na bùithtean. Thuirt i gum feumadh gnothach sam bith “atharrachadh ri suidheachaidhean ùra”. Thuirt Mam, “Feumaidh, agus feumaidh iad a bhith deònach a dhol an sàs ann an rudan diofraichte cuideachd.” Dh’ aom Oilibhia a ceann a-rithist mar gun robh i ag aontachadh rithe, ach chan eil mi a’ smaoineachadh gun robh tuigse sam bith aice dè bha Mam a’ ciallachadh. Cha robh no agamsa a bharrachd.

Rud bu chudromaiche, dh’fhaighnich sinn dha Mam am biodh sin ceart gu leòr le Slàinte is Sàbhailteachd. Thuirt i gum bitheadh nan teasaicheadh sinn na deochan ceart. “Agus gabhaidh mi 50 sgillinn bhuaibh airson comhairle phroifeiseanta,” ars ise.

“Cùm do chasan air an talamh seo, Mam!” arsa mise.

“Gus an fhìrinn innse,” arsa Teàrlaidh, “cha robh cùmhnant aice, agus mar sin chan eil sinn fo fhiachan sgillinn a phàigheadh a-mach.” Aithnichidh tu aig amannan gur ann aig Biùro Comhairleachaidh a’ Phobaill a tha màthair Theàrlaidh ag obair.

Mar sin, a-mach a-rithist leis na pocannan de stuth a thug sinn a-steach às a’ ghàrradh an latha a reic

sinn na reòiteagan. Dh'fheumadh sinn na postairean, na prìsean agus a h-uile càil eile atharrachadh. Bha tòrr beachdachadh ri dhèanamh gus an gnothach ùr seo a chur air a chasan. 'S e obair chruaidh a th' ann a bhith ag atharrachadh a' ghnothaich sa bheil thu an sàs. Bha Oilibhia a-mach air mar a dh'fheumadh duine a dhol timcheall air cunnart a mheas. Air mo shon fhìn, bha mise a' smaoineachadh nach robh ann ach ciall nàdarrach. Cha robh mi a' faicinn gum feumadh duine facail shònraichte airson sin ach chan urrainn do Theàrlaidh no Oilibhia rud a dhèanamh gun a bhith a' cleachdadadh facail mhòra.

“Bu chòir dhuinn coinneamh a chumail,” thuirt mi.

“Nach ann aig coinneamh a tha sinn,” ars Oilibhia.

“Ach chan eil Teàrlaidh a' sgrìobhadh càil sìos. Chan urrainn gur e coinneamh a th' ann mur eil cuideigin a' gabhail notaichean.”

“Mionaidean,” arsa Teàrlaidh. Feumas gur e sin am facial ceart.

Thug Teàrlaidh a leabhran-notaichean a-mach agus bha mi fhìn dìreach a' dol a ràdh rudeigin tomadach nuair a chuala sinn clag an dorais. Bha mo mhàthair-rùnaire air a dhol a-mach agus mar sin chaidh sinn uile chun an dorais. Cò bha sin ach Liam? Coltas caran neònach air. Chan ann eagalach no fiadhaich. Uill, bha e a' coimhead eagalach, ach

diofraichte bhon àbhaist aige. Eagalach agus iomagaineach. Agus na làimh bha cairt bhrùite; tè de na cairtean aig Teàrlaidh Cuileag (Sùilean Biorach).

“An urrainn dhuibh seo a dhèanamh?”
dh’fhaighnich e. “Rud a chaidh air chall a lorg?”

“Nach eil fhios gun urrainn,” arsa Teàrlaidh, cho cinnteach às fhèin. “Sin an rud a bhios luchd-sgrùdaidh a’ dèanamh. Sin an obair aca.”

“Carson?” ars Oilibhia. “Na chaill sibh dad?”

“A’ fòn agam,” ars esan. “Agus tha an caoch dearg air m’ athair rium.”

“A bheil thu a’ gabhail notaichean?”
dh’fhaighnich mi do Theàrlaidh. Bha. “Agus,” arsa mise ri Liam, “a bheil thu ag iarraidh oirnne a’ fòn agad a lorg?”

“Can, a bheil sibh a’ toirt a’ choimisein sin
dhuinn, Liam?” Oilibhia a thuirt seo.

“Uill, tha. Ach dè a chosgas e ma lorgas sibh i?”
dh’fhaighnich e.

“£19.99,” arsa mise, gu math cruaidh ris. “Agus prìs rud sam bith eile a chuireas sinn a-mach a
thuilleadh air an sin.”

“Dè cho luath agus a lorgas sibh i?” ars esan. Bha coltas gu math iomagaineach air. Cha mhòr nach robh truas agam ris. Cha mhòr nach robh.

“Tha seo caran toinnte,” arsa Teàrlaidh. “Chan urrainn dhuinn ach ar dìcheall a dhèanamh.”

“Pàighidh mi £5 eile ma gheibh sibh i an-diugh fhathast.”

“Chan urrainn dhuinn càil a ghealltainn,” ars Oilibhia.

Thug Teàrlaidh tuilleadh notaichean sìos fhad ’s a bha sinne a’ cur cheistean. Rudan mar, cò ris a bha a’ fòn coltach, agus dè na h-àiteachan san robh e an latha a chaill e i. Cha robh fiù nach do cheasnaich sinn e mu na h-àiteachan san deach e dhan taigh-bheag an latha sin. Rud a bha caran èibhinn. Bha e air a dhol a chuid a dh’àiteachan a bha annasach.

“Na cuir thusa fios thugainn idir; cuiridh sinne fios thugadsa,” arsa mise.

“Chan urrainn dha fios a chur thugainn; chan eil fòn aige!” arsa Teàrlaidh.

“Ceart gu leòr.” Thug siud gàire beag orm. “Chan eil fòn agad a-nis, a bheil, Liam? Ach cuiridh sinn fios chun an taigh agaibh nuair a gheibh sinn i.”

“Na innsibh do m’ athair no mo mhàthair idir.” Bha Liam na èiginn.

“Na gabh dragh. Chan innis sinn dhaibh idir. No dhad sheanmhair. No dhad pheathraichean. No dhan chù agaibh. No do dhuine beò.”

Dh’fhalbh e agus chuir sinne car a’ mhuittean air an lär. “Teàrlaidh Cuileag (Sùilean Biorach), tha sinn beò fhathast!” dh’èigh Teàrlaidh.

“Tha a’ ghrian ris,” ars Oilibhia. “Faodaidh sinn reòiteagan a reic a-rithist. Fhad ’s a ghabhas sinn

beachd air ciamar a lorgas sinn a' fòn aige.”

Thòisich sinn a' slaodadh a-mach às na pocannan, na pocannan nach deach fhalamhachadh bhon latha a reic sinn na reòiteagan. Agus sin nuair a lorg mi i. A' fòn. Ann am fear de na pocannan.

Feumaidh gun do thuit i a-mach às a phòcaid nuair a bha e a' bleigeardach mun cuairt. Bu mhath an airidh.

“Ooooooo!” arsa Teàrlaidh. “Abair airgead furasta!”

“Aidh, agus chanadh Liam sin cuideachd. ’S dòcha gum bi e amharasach. Chan innis sinn dha fhathast,” ars Oilibhia.

“Ach thuirt e gum faigheadh sinn £5 notaichean a bharrachd nan lorgadh sinn i an-diugh.” ’S e Teàrlaidh a thàinig a-mach leis an seo. “Cha mhòr as b' fhiach sinn mar luchd-gnothach mura leum sinn gu tuilleadh prothaid a dhèanamh.”

Chuir seo gu smaoineachadh mi. Nach mise bhios a' tighinn an-àirde le na beachdan math an-còmhnaidh? “Ma dh’innseas sinn dha ann an uair a thìde no dhà, agus **nach** gabh sinn a chòig notaichean, bidh e cho toilichte agus gur dòcha gun tig e thugainn a-rithist agus gun innis e dhan h-uile duine cho sgileil agus a tha sinn.”

An ceann dà uair a thìde, nochd Liam agus sinn air fòn a chur thuige. “Ciamar a fhuair sibh i?” dh’fhaighnich e. Le fiamh a' ghàire air, ’s ann a bha Liam na bu ghràinde na an àbhaist.

“Chan urrainn dhuinn ar modhan-obrachaидh innse,” arsa Teàrlaidh.

“Rùn-dìomhair na dreuchd againn,” ars Oilibhia.

“Rud air a bheil fios againne, ach feumaidh e bhith na cheist do chàch.” ’S mi fhìn a thuirt seo.


“Uill, taing co-dhiù,” agus phàigh e sinn. “Innsidh mi dhan h-uile duine dhem chàirdean mu Theàrlaidh Cuileag (Sùilean Biorach).” Agus dh’fhalbh e.

“Ò, aon rud eile,” dh’èigh Oilibhia às a dhèidh. “Feuch gun can thu ri Slàinte is Sàbhailteachd a thighinn gar sgrùdadh. Uair sam bith.” Shìn sinn ar làmhan glan a-mach.

“Dè mu dheidhinn am frids, Liam?” thuirt mise, a’ sealltainn dha far an robh an cidsin. Ach bha e ro thrang a’ teacsadh gu cuideigin air a’ fòn-làimh.

Shaoil sinn gun robh sinn airidh air Bruadar Liomaid agus Bruadar Banana an-asgaidh an duine. Fhad ’s a bha sinn gan imlich, bhuail oirnn nach b’ urrainn an saoghal a bhith na b’ fheàrr dhuinn. Bha sinn riaraichte nar n-obair *agus* bha airgead againn.

Bha h-uile coltas gun robh samhradh math romhainn. Bha dà ghnothach againn ri ruith a-nis. Is dòcha gu bheil facal ann airson grunn ghnothaichean a bhith aig duine. Nì milleanair a’ chùis dhòmhsha. Latha air choreigin, ma dh’obraicheas sinn cruaidh gu leòr. Agus ma chumas mise a’ tighinn an-àirde le rudan



inntinneach a nì sinn. Agus ma chleachdas
Teàrlaidh eanchainn.

Agus dè mu dheidhinn Oilibhia? Uill, 's ise an
stiùiriche ionmhais a th' agaínn. Agus an àrd-
chòcaire.

Latha brèagha air choreigin, 's dòcha gum bi sinn
cho math dheth agus gun urrainn dhuinn Mam
fhastadh gus na soithichean a nighe dhuinn. Sin
agad Bruadar Blasta!